

## Seòrsaichean feamadh

'S e seòrsa de dh'fheamainn a th' ann an **ceilp** agus canar **ceilp** ris an **luath ghiullaichte** a th' air a dhèanamh nuair a thèid ceilp a thiormachadh agus a losgadh.

Bha **ceilp**, duileasg, feamainn-bhuilgeanach agus stamh air an cruinneachadh agus air an **giullachd** airson a dhol ann am mòran rudan mar stuth-fhiaclan, siampù, biadh agus **cungaidhean-leighis**.



stamh

Ann an Uibhist a Tuath, bha **stamh** air a chruinneachadh sa gheamhradh.



bragair (feamainn-  
bhuilgeanach)

Bha **feamainn-bhuilgeanach** a' tighinn air tìr sa Chèitean. Sin an fheamainn as fheàrr airson ceilp. Bha i **pailt** air costa an iar na Gàidhealtachd. Bha i cho **pailt** ann an Ulbha 's gun deach 'Baile òir Ulbha' a ghabhail air **oirthir** an eilein.







## feamainn-dearg

Bha **feamainn-dearg** dìreach airson **todhar**. Dheidheadh a cur air **bàrr** gus am **biathadh**.



## duileasg

Gabhaidh **duileasg** ithe. Bidh còcairean a' feuchainn duileasg ann an **leann**, popcorn agus uachdar-reòite.



## carraigeon

Tha **carraigeon** air a chleachdadh ann an **gnìomhachas** a' bhìdh airson biadh a sheatadh agus a dhèanamh tiugh.



## slòcan

'S e **lìonanach** mara a ghabhas ithe a th' ann an **slòcan**. Ann an Iapan, tha **slòcan** air a chleachdadh tric ann an **sushi** – 's e **nori** a th' aca air.

